

Ceistean Cumanta - a' frithealadh coinneamhan chomataidh Bhòrd na Gàidhlig

Gus do chuideachadh le bhith a' tuigsinn mar a tha na coinneamhan againn ruigsinneach dhan phoball, tha sinn air sreath de cheistean is freagairtean cumanta a chur ri chèile. Tha sinn an dòchas gum bi am fiosrachadh seo feumail dhut. Ma tha ceist sam bith eile agad, cuir fios gu fios@gaidhlig.scot.

Ceist: Dè an cànan anns an tèid a' choinneamh a chumail?

Freagairt: Thèid a' choinneamh air fad a chumail tro mheadhan na Gàidhlig.

Ceist: Cò as urrainn a bhith nan luchd-amhairc poblach?

Freagairt: 'S e a th' ann an neach-amhairc phoblach ach cuideigin a bhios an làthair aig coinneamh ach nach eil an sàs gu dìreach ann an gnothaichean na coinneimhe.

Ceist: Am faod luchd-amhairc poblach pàirt a ghabhail sa choinneimh?

Freagairt: Mar neach-amhairc poblach, faodaidh tu èisteachd ri gnothaichean na coinneimh, ach a-mhàin nuair a thathar a' deasbad fiosrachadh Oifigeil-Dìomhair (faic 'Am faod mi èisteachd ris a h-uile còmhraidh?' gu h-ìosal airson barrachd fiosrachaidh).

Ceist: Ma tha ceist sam bith agam, cò ris am bu chòir dhomh bruidhinn?

Freagairt: Cuir ceist sam bith a th' agad gu fios@gaidhlig.scot. Mar a chaidh mìneachadh anns a' Chairt Luchd-ùidhe, innsidh sinn dhut gun d'fhuir sinn conaltradh sgrìobhte sam bith bhua taobh a-staigh 5 latha-obrach bho fhuaireadh e agus thèid freagairt a thoirt air gach conaltradh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 20 latha-obrach bhon cheann-latha air an d'fhuaireadh e a rèir clàr-ama Riaghaltas na h-Alba mu fhreagairtean.

Ceist: Tha ceist agam mu thè de na puingeann air a' chlàr-ghnothaich/sna pàipearan, cò ris am bu chòir dhomh bruidhinn?

Freagairt: Cha toir sinn aithris sam bith co-cheangailte ris a' chlàr-ghnothaich no na pàipearan seachad ron choinneimh. Feumar ceistean mu seo a chur thugainn às dèidh làimh gu fios@gaidhlig.scot.

Ceist: Dè an cruth a bhios air a' choinneimh?

Freagairt: Aig tòiseach na coinneimhe, bidh facal-tòisich ann bho Chathraiche na coinneimh. Mar as trice, thèid na rudan a leanas a dheasbad rè na h-earrainn poblaich den choinneimh:

- Clàr-ghnothaich na coinneimh.
- Leisgeulan.
- A bheil strì eadar com-pàirtean aig ball sam bith den chomataidh a dh'fheumas iad clàradh.
- An uair sin, gluaisidh an Cathraiche air adhart gu gnothaichean na coinneimh.
- Uaireannan, dh'fhaodte gum bi a' choinneamh air fad dùinte do luchd-amhairc poblach. Tachraidh seo nuair a tha an Cathraiche air co-dhùnadh nach biodh e comasach gnothach sam bith a dhèanamh gun a bhith a' toirt iomradh air fiosrachadh dìomhair.

Ceist: Cò a bhios aig a' choinneimh?

Freagairt: A bharrachd air a' Chathraiche agus buill, dh'fhaodte gum bi na daoine a leanas an làthair aig a' choinneimh:

- Luchd-obrach aig àrd-ìre a bhios a' bruidhinn, a' toirt seachad pàipearan no a tha air na pàipearan a sgrìobhadh air a bheilear a' beachdachadh aig a' choinneimh.
- Luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' ruith agus a' cumail taic ris a' choinneimh.

Ceist: Cò mu dheidhinn a bhruidhneas buill na comataidh?

Freagairt: Bidh grunn diofar phàipearan air a' chlàr-ghnothaich agus dh'fhaodte gum bi iad:

- Rin aontachadh
- Rin toirt fa-near
- Rin deasbad
- Mar fhiosrachadh
- Am fiosrachadh as ùire air a labhairt

Ceist: Am bi na pàipearan aig luchd-amhairc poblach gus an lean iad a' choinneamh?

Freagairt: Thèid clàr-ghnothaich na comataidh a chur air an làraich-lìn ro gach coinneimh. Bidh na pàipearan ach a-mhàin an feadhainn air an comharrachadh Oifigeil-Dìomhair rin luchdadh a-nuas ron choinneimh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochdaidh atharrachaidhean air a' chlàr-ghnothaich air an làraich-lìn: <https://www.gaidhlig.scot/ga/ar-n-obair/corporra/am-bord-stiuiridh/coinneamhan-chomataidhean/>.

Ceist: Am faod mi èisteachd ris a h-uile còmhradh?

Freagairt: Tha seo a rèir 's a bheil cuid den fhiosrachadh ri dheasbad air a chomharrachadh mar Oifigeil-Dìomhair. Thèid pàipearan na comataidh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an Seiseanan Dùinte (le ùmhlachd do cho-dhùnadh a' Chathraiche agus a' Cheannaird) a chomharrachadh Oifigeil-Dìomhair.

Ceist: Am feum mi fuireach ann airson na coinneimh air fad?

Freagairt: Chan fheum, faodaidh tu falbh is a' tighinn mar a thogras tu.

Ceist: Am faod mi nòtaichean a dhèanamh aig a' choinneimh no cùisean a chlàradh?

Freagairt: A rèir Lagh na h-Alba, chan eil clàradh fuaim no bhidio, aithris beò no dealbhan de choinneamhan ùghdarraichte. Faodaidh luchd-amhairc poblach nòtaichean a ghabhail aig a' choinneimh.

Ceist: Am faod mi iomradh a thoirt air na faclan a chaidh a ràdh aig coinneamh?

Freagairt: Chan fhaodar cuòtaichean a chleachdadh ann am foillseachaidhean air an taobh a-muigh ach a-mhàin an geàrr-chunntas deireannach, a tha air a thoirt seachad mar as trice leis a' Chathraiche. **Chan fhaod** thu cuòt a dhèanamh air na tha duine no buidheann sam bith a tha an làthair aig coinneamh gu dìreach no gu neo-dhìreach (mar eisimpleir, ag ràdh gun d' fhuaras an cuòt bho bhall no oifigear gun urra) mura d' fhuair eadh **cead sònraichte** bhon Chathraiche agus mura bheil an neach buntainneach air aontachadh a bhith air an cuòtadh.

Ceist: Am faod mi aithris air na chaidh a ràdh aig coinneamhan gun a bhith a' cleachdadh nan dearbh fhaclan a chleachd daoine?

Freagairt: Faodaidh. Tha sinn toilichte gum foillsich foillseachaidhean air an taobh a-muigh fiosrachadh mu na cùisean air an deach beachdachadh aig coinneamhan cho fad 's nach cuir iad an teacs a' leith duine no buidheann sam bith a tha a' gabhail pàirt anns a' choinneimh. Ged a thèid farsaingeachd de bheachdan a chur an cèill aig coinneamhan, thèid na dreach molaidhean agus na molaidhean deireannach aontachadh leis na comataidh. Cha ghabhadh na co-dhùnaidhean cudromach seo a dhèanamh mura a robh còmhraidhean a' coimhead air an fharsaingeachd de bheachdan mus dèanar na dreach molaidhean agus na molaidhean deireannach.

Ceist: Am faod mi bruidhinn ri buill rè nan amannan fois?

Freagairt: Tha e cudromach nach bi duine a' feuchainn ri buaidh a thoirt air beachdan nam ball fa leth aig a' choinneimh, aig amannan fois no taobh a-muigh na coinneimh air cuspair sam bith air a bheilear a' deasbad. Tha sinn ag iarraidh air luchd-amhairc poblach ceist sam bith a th' aca a chur gu fios@gaidhlig.scot. Bu chòir ceistean aig na meadhanan a chur gu megan@gaidhlig.scot.

Ceist: Ciamar a gheibh mi ballrachd air Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig?

Freagairt: Bidh sinn a' cur fàilte air daoine bho shuidheachaidhean eadar-dhealaichte le dealas, sgilean agus eòlas freagarrach a thighinn air a' Bhòrd againn gus taic a chumail ris an obair againn. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' fastadh buill a' Bhùird-stiùiridh. Tha buill a' Bhùird air am fastadh fad ùine stèidhichte agus tha àiteachan bàn air an sanasachd tro Fhastaidhean Poblach Riaghaltas na h-Alba <https://applications.appointed-for-scotland.org>